



## Leasan 21: Obair dachaigh air a' chroit

Dithis à Barraigh, Ceit NicColla agus Ciorstaidh NicDhòmhnaill (1906-1992) a' bruidhinn ri Màiri NicDhòmhnaill (Sgoil Eòlais na h-Alba)

Air a chlàradh ann an 1970

Faid: 00:01:55



<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/68218/1>

### Tar-sgrìobhadh

*[Tha dithis air an teip seo, Ceit NicColla agus Ciorstaidh NicDhòmhnaill, ach chan eil fhios le cinnt cò an tè a tha a' bruidhinn an seo.]*

**Màiri NicDhòmhnaill (MN):** Dè a-nist a' chiad char a bh' agaibh fhèin ri dhèanamh anns a' mhadainn

**Fiosraiche (F):** Agamsa? Nuair a dh'èirinn?

**MN:** Seadh.

**F:** Uill, an teine a thogail, 's cupa tì a ghabhail, 's a dhol a-mach dhan bhàthaich an uair sin 's tòiseachdainn air fodradh nam beothaichean, 's air biathadh beothach-eich sa gheamhradh, nuair a bhiodh e a-staigh. Bleoghan nam beothaichean.

**MN:** 'S e a' mhòine... a' mhòine a bh' agaibh agus teine...

**F:** O 's e. Cha robh gual san àm ud ann.

**MN:** 'S teine air a' chagailte?

**F:** Aidh, cha robh stòbhaichean ann na bu mhotha. Cha robh.

**MN:** Cha robh. Teine air a' chagailte.

**F:** Bhathar a' smàladh an teine air an oidhche, a' cur fòidean a-staigh fon an rud, 's nuair a dh'èireadh tu sa mhadainn bha e cho beò 's cho math. Cha robh agad ach a chur na chèile 's bha e suas.

**MN:** 'S bha sibh a' cur a' choire air an t-slabhraidh?

**F:** Bha.

**MN:** Fhad 's a bha sibh a' biathadh nam beothaichean?

**F:** Bha. Mun tigeadh tu a-staigh bha an coire a' goil.

**MN:** Seadh. Agus mura biodh bainne aig a' bhoin, am biodh sibh a' bleoghan nan caorach?

**F:** Bhitheadh. Nam biodh bainne aca, bhitheadh.

**MN:** An do bhleoghain sibh gin dhiubh?

**F:** Is iomadh, is iomadh uair sin. Deagh bhainne aig na caoraich.

**MN:** Deagh bhainne, seadh.

**F:** Gheibheadh tu cnapach de bhobhla làn, 's b' fheàrr dhut e na cana mòr de bhainne na bà. Dhèanadh aon drùdhag an tì dheth. Bha e cho tiugh.

**MN:** Seadh, dìreach. Agus am faca sibh na gobhair gam bleoghan an seo?

**F:** Uill chan fhaca mise gin riamh gam bleoghan ann, ach bha gobhair shìos air a' mhorghan aig Màireag Dhòmhnail Dhonnchaidh 's bhiodh i gam bleoghan. Bhitheadh. Ach tha mi dhen bheachd nach robh e ach mar gum biodh tu a' bleoghan caorach, tha mi a' smaointinn.

**MN:** Cha robh mòran ghobhar an seo riamh.

**F:** Cha robh. Bha feadhainn aig Mìcheal Eòsa. Beachd agad air?

**MN:** Bha. Cha robh iad ro phailt an seo, gan cumail, riamh.

**F:** Cha robh. Am biodh e gam bleoghan?

**MN:** Bhitheadh. Bhitheadh.

**F:** Seadh.